



## Tiotal: Mar tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith

### Pàirt 1: Mar tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith

Ìre: A' CHIAD  
Ceanglan CfE

| Eòlasan/Builean   | Slatan-tomhais  |
|---|---|
| <p>Tha mi mothachail air mo chorp a' fàs agus tha mi ag ionnsachadh nan ainmean ceart airson nan diofar phàirtean agus mar a tha iad ag obair. HWB 1-47b</p> <p>Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 1-50a</p> | <ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh nam faclan cearta airson pàirtean bodhaig agus carson a tha iad, mar eisimpleir, machlag, clach-bhalg, ughagan, faighean.</li><li>• Ag aithneachadh na tha a dhìth airson fàs agus tighinn air adhart ann am beathaichean, planntaichean agus daoine.</li></ul> |

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun aithnich clann ainmean pàirtean am bodhaigean airson 's gun tuig iad mu ghinntinn, leatromachd agus breith.
- Gu bheil clann a' tuigsinn cò às a tha rudan beò a' tighinn.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh innse cò às a tha rudan beò a' tighinn, mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

## Obair

- Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh mas urrainn dhan chloinn suidhe còmhla. Tòisich mar seo. Bidh a' chlann air ainmean pàirtean na bodhaig ionnsachadh mar-thà sa ghoireas. Ma tha a' chlann air ionnsachadh mu bhith a' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean mar-thà, faodaidh sibh ruith thairis air na cuspairean sin.
- Inns dhan chloinn gu bheil gu bhith ag ionnsachadh mu mar tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith. Faighnich dhan chlas a bheil bèibidh aig neach sam bith aca san dachaigh no san teaghach? Bruidhnibh mun sin. Dè as aithne dhan chloinn mu leatromachd? Breith? 'S dòcha gu bheil feadhainn aca air a bhith timcheall nuair a rugadh bràithrean no peathraichean beaga? (Na biodh dragh oirbh mu bhith gan ceartachadh, bidh fiosrachadh ceart san obair a tha mar phàirt dhen chuspair seo sa ghoireas.)
- Tòisich leis na dealbhan PowerPoint de bheathaichean agus an àl, iarr air a' chloinn na beathaichean ainmeachadh agus ainmean an àil. Criochnaich leis an dealbh de mhàthair agus bèibidh. Minich gu bheil na bèibidhean agus na beathaichean coltach san dòigh sa bheilear gan dèanamh, tha iad a' fàs am broinn am màthar agus an uair sin tha iad air am breith.

**Cleachd na slaghdean PowerPoint** (dealbhan agus teacsa) an 'sgeulachd' innse - mar a beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith – a' stad agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn agus a' faighneachd/freagairt cheistean agus ag èisteachd ri beachdan mar a tha thu a' dol air adhart.

Brosnaich còmhradh; dh'fhaodadh seo a bhith mu na dh'fheumas boireannach a tha trom le pàiste agus bèibidh aig diofar ìrean airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Tha an 'sgeulachd' air a h-innse ann an 3 pàirtean – faodaidh sibh obrachadh troimhpe a' stad, a' dol thairis agus a' toirt sùil air ais cho tric 's a dh'fheumas sibh. 'S dòcha gum bi e feumail do chuid de luchd-ionnsachaidh ma tha bìearn eadar na cuspairean. Tha e an urra ribh fhèin ciamar a làimhsicheas sibh na taisbeanaidhean agus an còmhradh airson an luchd-ionnsachaidh agaibh fhèin.

- **Pàirt 1: Mar a tha bèibidh air a dhèanamh**
- **Pàirt 2: Am bèibidh a' fàs: Leatromachd**
- **Pàirt 3: Mar a tha bèibidh ga bhreith**

**NOT:** Nuair a tha sinn a' dèiligeadh ris a' chuspair *Mar tha bèibidh air a dhèanamh*, tha sinn a' mìneachadh gum feum an siol coinneachadh ris an ugh. Bhon a tha e coltach gum biodh an leasan seo ga lìbhrigeadh timcheall air deireadh a' Chiad ìre (mu P4) 's dòcha gum biodh dùil gum faignicheadh pàiste 'Ach ciamar a choinnicheas siol ris an ugh?' Ma thachras seo, tha slaghdean a bharrachd aig deireadh an taisbeanaidh PowerPoint a fhreagras a' cheist seo. Tha fiosrachadh gu leòr ann an slaghdean 32/33 a shàsaicheas iarrtas fiosrachaidd nàdarra chloinne aig an aois seo air mar a tha bèibidhean air an dèanamh. Tha na slaghdean ag innse ann an dòigh bhunaiteach/fhìrinneach mu fheise, gu bheil e comasach do dhotair torrachadh a chuideachadh, no gum faodar tabhartaiche a chleachdadh. A thaobh na dhà mu dheireadh, 's dòcha gum bi clann sa bhuidheann aig a bheil eòlas air an seo, ma rugadh iad fhèin air a sgàth (dh'fhaite gum bruidhinn iad air an seo) agus bu chòir dhaibh seo fhaicinn san taisbeanadh. Tha na stuthan air an cur air dòigh airson 's gun stiùir e an tidsear agus gun urrainn dhan tidsear ceistean a fhreagairt no fios a chur ris ma tha sin iomchaidh.

## Beachdan eile

- Thoir cuireadh do bhoireannach a tha trom le pàiste, no pàrantan ùra, tighinn a-steach agus innse mun eòlas air leatromachd.
- Tha modailean aig Seirbheis Leabharlainn an NHS a gheibh sgoiltean air iasad a tha a' sealtainn bëibidh a' fàs aig na diofar ìrean de leatromachd. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaидh mu sheirbheisean ionadail aig: <http://www.knowledge.scot.nhs.uk/home/help-and-training/library-services.aspx>

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Na dh'fheumas bëibidhean airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte

## Ceangal ris an dachaigh

*Dh'fhaodadh sibh an teacs a seo a sgoileadh gu pàrantan agus luchd-cùraim:*

Bidh sinn ag ionnsachadh mu mar a bhios beatha neach a' tòiseachadh, mu leatromachd agus breith – tha seo a' ciallachadh ionnsachadh mu ghineadh agus mar a bhios bëibidh a' fàs sa mhachlaig. Ionnsachidh sinn mu mar a bhios bëibidh air a bhreith agus mu fheumalachdan bëibidh a tha air ùr-bhreith. Tha na slaghdean PowerPoint a tha ag innse na sgeulachd rim faighinn air làrach goireasan RSHP <https://rshp.scot/first-level/> Faodaidh sibh coimhead orra còmhla ri ur pàiste agus innsidh iad na tha iad air a bhith ag ionnsachadh. Tha grunn leabhairchean rim faighinn mu ghineadh, leatromachd agus breith. Seo feadhainn a dh'fhaodadh sibh iarraidh bhon leabharlann.

**How did I Begin?** le Mick Manning agus Brita Granstrom (ISBN 07496 56611)

Fiosrachadh na beatha do chlann òg ann an dòigh shìmplidh, bhlàth, a' leantainn na sgeulachd bho ghineadh gu breith bëibidh. Tha sinn air ar treòrachadh tro gach ìre le dealbhan sìmplidh, a thòisicheas tòrr còmhraidi agus a fhreagras ceistean.

**Before you were born** le Jennifer Davis (ISBN 0761112006)

Tha an leabhar innleachdach, eirmseach seo mu leatromachd ag innse sgeul màthar agus bëibidh bhon chiad bhuille-cridhe ga chluinntinn chun a' chiad turas a tha iad a' coinneachadh.

**How are babies made?** le Alastair Smith (ISBN 0746025025)

Faigh fios air mar a tha bëibidh a' fàs am broinn a mhàthar. Tog na flapaichean air na duilleagan gus am bëibidh fhaicinn ag atharrachadh mar a tha e a' fàs.

**Lola Reads to Leo** le Anna McQuinn agus Rosalind Beardshaw (ISBN 1580894038)

Tha bràthair ùr aig Lola agus tha i air bhioran na leabhairchean aice a leughadh dha. Tha Lola a' dèanamh deiseil airson Leo le bhith leughadh leabhairchean mu bhràithrean agus peathraighean.

## Ceistean Cumanta:

Seo cuid de na ceistean cumanta a bhios aig clann aig an ìre seo. Seo agaibh freagairtean a dh'fhaodadh sibh a chleachdad; chan fheum sibh an cleachdad.

**An urrainn do bhèibidhean a bhith aig fireannaich?** Chan urrainn, bhon nach eil machlag aig fireannaich. Ach às dèidh do bhèibidh a bhreith faodaidh fireannach a bhith na dhadaidh.

**An urrainn do bhèibidhean a bhith aig clann?** Chan urrainn, chan urrainn do bhèibidhean a bhith ach aig inbhich. Feumaidh bodhaig inbhich a bhith agad mus fhàs bëibidh na do bhroinn.

**An urrainn barrachd 's aon bhèibidh a bhith agad?** 'S urrainn, uaireannan bidh dithis bhèibidhean, no leth-aonan, a bhith aig daoine. Bidh seo a' tachairt nuair a thachras barrachd 's aon sìol-ginidh ri ugh. No uaireannan bidh ugh a' páirteachadh nuair a tha e air a thorrachadh agus a' dèanamh leth-aonan. Uaireannan faodaidh trùir, ceathrar no barrachd bhèibidhean a bhith aig boireannach aig an aon àm ged nach bi seo a' tachairt tric.

**Dè th' ann am feise?** 'S e dòigh shònraichte sam bi inbhich a' sealltainn gaoil dha chèile a th' ann am feise. Ionnsaichidh tu tuilleadh mu fheise nas fhaide air adhart san sgoil.

**Am feum bèibidh a bhith aig a h-uile neach?** Chan fheum. Tha e an urra ri boireannach co-dhiù a tha i ag iarraidh bèibidh a ghiùlan no nach eil.

**An urrainn do bhèibidhean a bhith aig daoine gèidh/leisbeach?** 'S urrainn do dhaoine gèidh no leisbeach a bhith nam mamaidhean no nan dadaidhean cuideachd. Aig an toiseach, airson bèibidh a dhèanamh feumaidh tu ugh bho bhoireannach agus sìol bho fhireannach. Chan urrainn ach do bhoireannaich a bhith trom agus bèibidh a bhreith.

#### Notaichean tidseir